

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at rodgy.maclean@bbc.co.uk * This is Litir 236.*

Mo bheannachd aig Timothy Pont nach maireann, oir dh’fhàg e dìleab phrìseil às a dhèidh. B’ e Pont fear dhen luchd-tarraing mhapaichean a b’ ainmeile a bh’ againn a-riamh. Tha mapaichean a rinn e de mhòran sgìrean ann an Alba air an glèidheadh aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba ann an Dùn Eideann. Agus nas fheàrr na sin, gabhaidh a h-uile gin dhiubh faicinn air an eadar-lìon, air làrach an Leabharlainn Nàiseanta. Mo bheannachd acasan cuideachd airson goireas air leth a chruthachadh.

Tha mi a’ fuireach faisg air allt ann an Inbhir Nis air a bheil *the Mill Burn* ann am Beurla. Canaidh na Gaidheil *Allt a’ Mhuilinn* ris, ach bha mi a-riamh airson dearbhadh dè an t-ainm a bh’ air o shean. Eadar an taigh agam agus a’ mhuir tha an t-allt a’ sruthadh tro sgìrean ris an canar ann am Beurla *Kingsmills* agus *Diriebught*.

Uill, lorg mi e air map a rinn Timothy Pont faisg air deireadh an t-siathamh linn deug. Agus ’s e ainm Gàidhlig a bh’ air aig an àm – *Allt Muileann an Rìgh*. Cha robh guth air ainm Beurla aig an àm sin. Agus bha *Diriebught* sgrìobhte mar *Deirbocht*. Thathar a’ smaoinichadh gun tàinig sin à Doire nam Bochd.

Bha mi a’ coimhead air map a rinn Pont de Ghlaschu an là eile agus chunnaic mi *Rutherglen*, a bha na bhaile fa leth aig an àm. Bha e air a litreachadh *Ruglan* – RUGLAN – uabhasach coltach ris an dreach Ghàidhlig “Ruadh Ghleann”.

B’ e Timothy Pont mac a’ mhinisteir ainmeil, an t-Urramach Raibeart Pont. Cheumnaich Timothy à Oilthigh Chill Rìmhinn ann an còig ceud deug is ochdad (1580) agus tha e coltach gun do thòisich e air mapaichean a dhèanamh goirid às dèidh sin. Thathar a’ smaoinichadh gun d’ fhuair e misneachd airson a’ phròiseict bhon obair mhòir aig Crìsdean Saxton ann an Sasainn – *Atlas of England and Wales*, a chaidh a chur an clò ann an còig ceud deug, seachdad ’s a naoi (1579).

Ach, leis cho beag ’s a bha sluagh na h-Alba, an coimeas ri Sasainn, cha bhiodh e furasta idir do Phont a chuid mhapaichean a reic aig prothaid. Gu fortanach dha, thug athair taic dha, an dà chuid airgead a fhuair e bho Eaglais na h-Alba ann an Dùn Eideann, agus le bhith a’ lorg coitheanal dha ann an Gallaibh, às an d’ fhuair e tuarastal.

Chan eil daoine buileach cinnteach mar a chruinnich Pont a chuid fiosrachaidh airson a mhapaichean ach tha e coltach gun do choisich e ann am mòran àiteachan. Thathar a' smaoinichadh gun do chaochail e aig aois rudeigin òg agus gur ann sna bliadhnaichean mu dheireadh dhen t-siathamh linn deug a chaidh a' chuid mhòr dhen obair aige a dhèanamh.

An là an-diugh, tha seasgad mapaichean tùsail aige air fhàgail againn agus, a bharrachd orra sin, dh'fhàg Pont làmh-sgrìobhainnean againn, le tuairisgeul sgrìobhte de phàirtean dhen dùthaich. Tha iad le chèile air leth prìseil. Nochd na mapaichean aige anns an *Novus Atlas* aig Joannis Blaeu ann an Amsterdam ann an sia ceud deug, leth-cheud 's a ceithir (1654), agus chleachd am fear-mhapaichean Raibeart Gòrdan iad nuair a bha e fhèin ag ullachadh càirtean-dùthcha de dh'Alba.

Agus, a' tilleadh a dh'Inbhir Nis, ceud gu leth bliadhna ron bhlàr ainmeil, dè bh' aig Pont air *Cùil Lodair*? Uill, 's e *Coulloddinn* a bh' aige, a' sealltainn mar as e an t-ainm Beurla, *Culloden*, a tha nas coltaiche ris an ainm thùsail Ghàidhlig, seach dreach an ainm Ghàidhlig an là an-diugh. Adhbhar eile airson a bhith toilichte gun do rinn Timothy Pont a chuid obrach ainmeil o chionn ceithir cheud bliadhna.

* * * * *

Faclan na seachdaine: Allt a' Mhuilinn: *The Mill Burn*; o shean: *in olden times*; Doire nam Bochd: *Diriebught* (lit. *the grove of the poor*); Ruadh Ghleann: *Rutherglen*; Crisdean Saxton: *Christopher Saxton*; prothaid: *profit*; làmh-sgrìobhainnean: *manuscripts*; tuairisgeul: *description*; Cùil Lodair: *Culloden* (orig. *Cùil Lodain*).

Abairtean na seachdaine: dh'fhàg e dìleab phrìseil às a dhèidh: *he left a valuable legacy after him*; B' e Pont fear dhen luchd-tarraing mhapaichean a b' ainmeile a bh' againn: *Pont was one of our most famous cartographers*; air an glèidheadh aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba: *preserved by the National Library of Scotland*; airson goireas air leth a chruthachadh: *for creating a terrific resource*; faisg air deireadh an t-siathamh linn deug: *close to the end of the 16th Century*; cheumnaich Timothy à Oilthigh Chill Rìmhinn: *Timothy graduated from St Andrews University*; gun d' fhuair e misneachd airson a' phròiseict: *that he got encouragement for the project*; a chaidh a chur an clò: *which was published* (lit. *put in print*); an coimeas ri Sasainn: *compared to England*; le bhith a' lorg coitheanal dha ann an Gallaibh: *by finding him a congregation in Caithness*; gun do chaochail e aig aois rudeigin òg: *that he died somewhat before his time [ie at a young age]*; tha seasgad mapaichean tùsail aige air fhàgail againn: *we have 60 of his original maps left to us*; nuair a bha e fhèin ag ullachadh càirtean-dùthcha na h-Alba: *when he was himself preparing maps of Scotland*; seach dreach an ainm Ghàidhlig an là an-diugh: *than the form of the Gaelic name today*.

Puing-ghràmar na seachdaine: gabhaidh a h-uile gin dhiubh faicinn air an eadar-lion: *all of them can be seen on the internet*. The use of the verb "gabh" here creates a passive which indicates a capability. Traditionally the verbal noun following gabh is not lenited eg gabhaidh e dèanamh (it can be done); an gabh sin

a bhith (*can that be [the case]?*); thuir e gun gabhadh an obair coileanadh (*he said the work could be completed*); dè ghabhas dèanamh? (*what can be done?*) It is worth noting, however, that the verbal noun is commonly lenited today, particularly in Lewis, so that you might hear gabhaidh e a dhèanamh instead of gabhaidh e dèanamh.

Gnàths-cainnt na seachdaine: Mo bheannachd aig Timothy Pont nach maireann: *my blessing on Timothy Pont (deceased).*

* “*Litir do Luchd-ionnsachaidh*” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig